

Sgeama Maoineachadh Àiteachais airson Croitearachd

In English



[//www.youtube.com/embed/WDOax-czWaU](https://www.youtube.com/embed/WDOax-czWaU)

Tha an sgeama seo a' toirt seachad maoinachadh do chroitearan airson an croitean a leasachadh agus airson an gnìomhachas a chumail seasmhach.

Faodaidh sibh am maoinachadh a chleachdadh airson:

- pròiseactan calpa, mar eisimpleir airson togalaichean a thogail neo a leasachadh
- Comataidhean Feurach Coitcheann a stèidheachadh, airson uallach a ghabhail airson feurach coitcheann a stiùireadh agus a ghlèidheadh, air an taghadh le na croitearan a tha ga chleachdadh

Faodaidh maoinachadh airson pròiseactan calpa a bhith airson pàirt sam bith den phròiseact, mar eisimpleir airson pàigheadh airson stuthan, cosgaisean luchd-cùmhnant neo airson ur saothair fhèin.

Taobh a-steach dà bhliadhna, faodaidh sibh cur a-steach airson an suim airgid a leanas de mhaoineachadh:

- croitear fa leth: suas ri £25,000
- buidheanndeachroitearan: suas ri £125,000

Stiùireadh mun sgeama

Mus cuir sibh iarrtas a-steach don sgeama seo dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an stiùireadh a leughadh. Ma tha ceistean neo draghan sam bith agaibh, cuiribh fios thugainn mus cur sibh iarrtas a-steach.

Mura cum sibh ri riaghailtean an sgeama, tha cunnart ann gun call sibh maoinachadh sam bith, neo pàirt dhe co-dhiù, air a bheil sibh airidh.

[Stiùireadh slàn mun sgeama](#)

Ma tha sibh feumach air cuideachadh sam bith an stiùireadh seo a chleachdadh, faodaidh sibh coinneamh a chur air dòigh aig oifis sgìreil faisg oirbh fhèin.

[Cuir coinneamh air dòigh](#)

Atharrachaidhean

Ma dh'atharraicheas sinn stiùireadh an sgeama, seallaidh sinn gu soilleir dè tha air atharrachadh. Faodaidh sibh seann tionndaidhean den stiùireadh fhaicinn ann an tasglann an sgeama.

[Sgeama Maoineachadh Àiteachais airson Croitearachd - Tasglann](#)

Freagarrachd

Tha an sgeama seo fosgailte airson iarrtasan bho:

- croitearan-mail
- croitearan-seilbhe
- iar-mhàladairean croite
- buidhnean de na seòrsaichean croitearan gu h-àrd
- Comataidhean Feurach Coitcheann air an stèidheachadh fo riaghailtean Coimisean na Croitearachd

Dh'fhaodadh gum faigh croitearan cuideachadh le cosgaisean Comataidh Feurach Coitcheann a stèidheachadh fo na riaghailtean.

Gheibhear liosta slàn de dh'obraichean a tha freagarrach ann an stiùireadh an sgeama.

Iarrtasan

Faodaidh sibh iarrtas a chur a-steach airson an sgeama seo aig àm sam bith ach cha bu chòir dhuibh tòiseachadh air obair neo ceannach sam bith gus an cuir sinn aonta oifigeil thugaibh mun iarrtas.

Ma tha sibh air maoineachadh fhaighinn, neo an dùil maoineachadh fhaighinn, bho sgeama poblach sam bith eile, cha bu chòir dhuibh iarrtas a chur thugainn fon sgeama seo.

Airson iarrtas a chur thugainn, bu chòir dhuibh am foirm iarrtais a lionadh agus a chur don oifis sgìreil ionadail agaibh airson measadh.

Mus lion sibh ur foirm iarrtais, leughaidh ar bileag Stiùireadh Teicnigeach airson Maoineachadh Calpa.

[Stiùireadh Teicnigeach airson Maoineachadh Calpa](#)

Ma tha foirm clò-bhuailte a dhìth oirbh, cuiribh fios don oifis sgìreil ionadail agaibh.

Bidh mu £2 millean gach bliadhna ri fhaighinn tron sgeama seo eadar am bliadhna agus 2020. Tha an sgeama seo co-fharpaiseil agus thèid gach iarrtas a mheasadh ri na slatan-tomhais a gheibhear san stiùireadh slàn.

Nuair a thèid am maoineachadh seo a riarachadh, dùnaidh sinn an sgeama gu 1 Faoilleach an ath bhliadhna.

Ma tha againn ri seo a dhèanamh gheibh sibh fios air an làrach-lìn seo.

Tagraidhean

Tha bliadhna agaibh bhon deit a a chaidh iarrtas aontachadh airson obair sam bith a chrìochnachadh agus tagraidhean a chur thugainn tron foirm-tagraidh.

Gheibh sibh fiosrachadh mionaideach mu dheidhinn iarrtasan agus tagraidhean tron sgeama seo anns an stiùireadh slàn.

Tha còir aig tagraidhean tron sgeama seo a bhith airson cosgaisean slàn a' phròiseact. Obraichidh sinn a-mach am maoineachadh a tha airidh a-rèir an àireamh as lugha eadar cosgaisean a chaidh ceadachadh neo cosgaisean fìor. Buinidh na h-irean gu h-ìosal a-rèir ur suidheachadh.

Daoine fa-leth

- 80 sa cheud de chosgaisean a chaidh ceadachadh ann an sgìrean fo-leasaichte (LFAan) agus 60 sa cheud de chosgaisean a chaidh ceadachadh ann an sgìrean nach eil fo-leasaichte airson tuathanaich òga
- 60 sa cheud de chosgaisean a chaidh ceadachadh ann an sgìrean fo-leasaichte (LFAan) agus 40 sa cheud de chosgaisean a chaidh ceadachadh ann an sgìrean nach eil fo-leasaichte airson tuathanaich eile

Buidhnean

- 90 sa cheud de chosgaisean a chaidh ceadachadh ann an sgìrean fo-leasaichte (LFAan) agus 80 sa cheud de chosgaisean a chaidh ceadachadh ann an sgìrean nach eil fo-leasaichte airson tuathanaich òga
- 80 sa cheud de chosgaisean a chaidh ceadachadh ann an sgìrean fo-leasaichte (LFAan) agus 60 sa cheud de chosgaisean a chaidh ceadachadh ann an sgìrean nach eil fo-leasaichte airson tuathanaich eile

Airson tuilleadh fiosrachaidh air na tha tuathanach òg a' ciallachadh, faicibh an stiùireadh slàn.

Pàigheadh

Thèid maoinachadh a phàigheadh:

- nuair a tha sibh air crìoch a chur air obair sam bith a chaidh aontachadh
- nuair a tha sibh air tagradh freagarrach a chur thugainn
- ma thèid ur taghadh airson sgrùdadh, às dèidh dhuinn an obair crìochnaichte fhaicinn

Pàighidh sinn am maoinachadh a-steach do chunntaisean banca tro BACS agus bidh sinn ag amas am pàigheadh taobh a-steach 90 latha às dèidh an tagradh a bhith again.

Brisidhean agus peanasan

Ma gheibh sinn fios nach eil sibh air a bhith a' cumail ri cumhaichean an sgeama 's e briseadh a th' ann agus 's dòcha gum bi peanas mu ar coinneamh. Tha e cudromach gu bheil peanas ann ma tha briseadh air tachairt airson a bhith cinnteach gu bheil sinn a' leantainn lagh a' Choimisean Eòrpach.

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh air brisidhean agus peanasan gu h-ìosal.

[Brisidhean agus peanasan](#)

Ath-thagraidhean agus gearanan

Chan eil còir ath-thagraidh ann an aghaidh iarrrtas a chaidh a dhiùltadh ach às dèidh dha aonta fhaighinn, faodaidh sibh ath-thagraidh a chur thugainn an aghaidh dearbhaidhean ur maoinachadh a dhiùltadh, a lùghdachadh neo fhaighinn air ais.

Nuair a chuireas sinn litir thugaibh le dearbhadh sam bith, innsidh sinn dhuibh mu dheidhinn ur còraichean ath-thagraidh.

Mura bheil sibh toilichte le ìre an t-seirbheis a tha sibh air fhaighinn, faodaidh sibh gearan a chur thugainn.

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn mar a chuireas sibh ath-thagraidh neo gearan mu ar seirbheis air na duilleagan gu h-ìosal.

[Ath-thagraidhean](#)

[Gearanan](#)

Cuiribh fios thugainn

Ma tha ceistean sam bith agaibh mun sgeama, cuiribh fios thugainn. Gheibh sibh ar fiosrachadh gu h-ìosal.

[Cuiribh fios thugainn](#)

Foirmean

[PF08 – Sgeama Maoineachadh Àiteachais airson Croitearachd – Foirm Iartais](#)

Libhrigeadh an sgeama

Tha an sgeama seo air a libhrigeadh tro:

